Digitized by the Internet Archive
in 2013

http://archive.org/details/leabharceasnuiv21779ewar

LEABHAR

Ceasnuighe Aithleasuighte,

ATA NOCHDA

MEARACHDA SONRUIGHTE

EAGLAIS NA ROIMH.

Ath Chlo-bhuailt' le LEASACHAIBH Eagsamhail thaobh Firineadh, Ughdarrais, agus Riosunaidh.

Leis am bheil e air a dhearbha',

I. Nach 'eil coir air bith aig' a Phapanachd AOSTACHD agairt.

II. Gu 'm bheil i na mòr THRUAILLEACHD air CRIOSTUI'-EACHD.

III. Gu 'm bheil i cur mar fhiacha TEAGASGA' agus Bar'aile ata MILTEACH do 'n UACHDRANACHD THALMHAIDH.

Noise deir an Spioraid gu soilleir, ann sna h aimsiribh deireannach gu'n treig dream araidh an creidimh, a' toirt aire do spioradaibh mealltach, agus do theagasgaibh dheamhan: A' toirmeasg posaidh, agus ag iarrridh bidheanna a sheachnadh, a chruthaich Dia chum an gabhail maille re breith-buidheachais leosan a 'ta creidsin, agus aig am bheil eolas na firinn. 1 Tim. iv. 1, 3.

A mhnintir ionmhuinn, na creidibh gach uile Spioarad, ach dearbhaibh na Spiorada, an ann o Dhia ata iad. 1 John iv. 1.

Uime sin thigibh amach as am meadhon, agus dealaichibh riu, deir an Tighearna, agus na beanaibh ris an ni neo-ghlan; agus gabhaidh mise a'm' ionnsuidh sibh, agus bithidh mi a'm' Athair dhuibh, agus bithidh sibhse 'nar mic agus 'nar ingheana dhamh-sa, deir an Tighearna uile chumhachdach. 2 Cor. vi. 17. 18.

Clo'-bhuailt' ann

DUNEUDAIN:

le DAIBHIDH MAC-PHATRIC.

M DCC LXXIX.

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND

CEASNUIGHE AITHLEASUIGHTE a Nochdadh Mearachda Sonruighte EAGLAIS na ROIMH.

Ceist. *CREID an Creidimh ata thu 'g aidmheil?*

Freagradh. Ata mi do 'n Chreidimh Aithleasuighte.

C. *Ciod ata thu cealluchadh le Aithleasaighte?*

F. Aon nach 'eil a' gabhail re teag sg air bith, mar riaghail creidimh, ach a mhead 's a 'ta ann san scrioptur naomh; agus ris an abrar Protestanach, thaobh bhi togbhail fiaghnais an aghaidh mearachda eaglais na Roimh.

C. *Ciod ata thu cialluchadh le Papanach, no Romanach Coitchinn?*

F. Aon at 'g admheil umhlachd do 'n Phapa mar cheann eaglais Choitchinn Chriſt air thalamh, agus do uil'-àitheantaibh agus riaghailtibh eaglais na Roimh; agus bhi ag creidsin gach teagasg agus reachd ata 'n eaglais sin ag teagasg, nithe ata sinne 'ta 'g admheil a chreidimh Aithleasuighte 'meas gu bheil moran dhiubh 'nam peacadh agus lan mearachd, mar ata iad an aghaidh focail De, no ar a chuid as lugha gun bhunchar air bith ann.

C. *An ainmigh thu cuid dhuibh sin dhamh?*

F. Feadar an togbhail faoi' thri chinn choitchinn.

I. Na h àitheantaibh agus na reachaibh eaglais na Roimh ata lochdach na nadur fein, mar ata iad gu direach an aghaidh áitheanta Dhe. II. Na teagasgaibh sin eaglais na Roimh ata 'ndara cuid a' toirt misneach do dhaoinibh ann gniomhartha peacach; no' ta 'g an tarraing chum peacaidh gun fhios. III. Na cinn chreidimh, ata eaglais na Roimh ag teagasg, nithe mar ata iad an aghaidh nan scrioptuir naomha, ata 'na mearachda ro-chuntartach.

I. C. *Creid iad na h àitheantaibh agus na reachdaibh sin eaglais na Roimh, ata gu direach an aghaidh àitheantaibh Dhe?*

F. A chuig ſin a leanas, gu ſonruighte.

1ſt. Bhi ag diùltadh do 'n phopul ſaor ghnathacha' nan ſcrioptuir naomha.

2d. Bhi ag diúltadh a chupain do 'n phobul ann ſan t ſacramaint.

3d. Bhi ag ordugha' urnaigh fhoilleaſach a chur ſuas ann an cainnt nach tuigear leis a phobul.

4th. Bhi ag órdugha' urnaigh a dheanamh re naoimh agus re ainglibh.

5th. Bhi ag órdugha' iomhaighin a chur ſuas ann nan eaglaiſibh chum as gu ſtreacha' daoine fios nan lathair.

C. *Cionnas ata thu co ducha gu bheil bhi diultadh ſaor ghnathacha' nan ſcriptur do dhaonibh gu ſoiller an aghaidh focal De?*

F. Do bhri 'gu 'm bheil é air áithne gu ſoilleir do gach duine an leughadh. "Rannſaichibh na "ſgrioptuire, oir ata ſibh ſaoilſin gu bheil a' bhea-"tha mhairtheanach agaibh ionta-ſan," Eoin v. 39. Ata 'n t abſtal ag ſparradh air na braithribh uil'a litir a leughadh, 1 Theſſ. v. 27. agus ata 'n Tighearna le Maois, ag àithne do an h uile, na ſcrioptuire naomh a leughadh agus a thuigſin, air achd as gu 'm bithead iad comaſach an teagaſg d' an fliochd: "Uime "ſin taiſgidh ſibh ſuas mo bhriathra ſin uile ann "ar criodha, agus ann ar 'n anamaibh,—agus teag-"aiſgibh d' ar clainn iad," &c. Deut. xi. 18, 19. Agus do bhi na Bereanaich air an cliuachadh air ſon bhi rannfuchadh nan ſcrioptuire gach aon la, Gniomh. xvii. 2. agus ata a chliu ſo ag dearbha gur dleaſdanach bhi leughadh nan ſcrioptuire, amhail as mar gu 'm b' áithne è.

C. *Nach raibh aithreachuidh na h eaglais ag teann ſparradh air daoinibh na ſcrioptuire naomh a leughadh?*

F. Bha iad. "Na ſmuainteachibh, (deir Auſtin "ris an t ſluagh) gur leòir dhuibh na ſcrioptuire a "bhi agaibh ſan eaglais, ach mar an ceana 'n 'ar "'n ionadaidh-comhnaidh, chum 's gu leughà ſibh "iad;

" iad; no fúigheadh neach eile chum an leughadh " dhuibh." Agus " b' fhearr leam, deir Origin) " gu deanamaid mar ata é sgriobhta, Na scrioptuir a " rannsuchadh."— Agus deir Chrysostom, "Eistibh " rium a shluagh Choitchinn, sibhse a mhuintir an " t saoghail, fuigheadh am Biobul, an ioc-shlaint " fhallain anma sin, ata leughadh nan scrioptuire " naomha n' as feumaile dhuibhse na 'ta é do 'n " mhanach *."——Agus ata Jerom ag innseadh dhuinn, " Gu 'n cluinteadh an crann-fhear ann " sa mhachair a' seann Laoidheadh-molaidh, agus " an luchd oibrigh ann san fhion ghara a seann " Sailm Dhaibhi."—Agus ata 'n t athair diadhaidh so cuideachd, ag aithris air Paula, bain-tighearna chrabhach ann sna laithibh sin, agus ag radh, " Gu raibh é mar fhiacha air a h oighibh, gun " aon lá a leigeil thairis gun chuibhroin eigin " do na scrioptuire fhoghlum."—" Ata è feumail " (deir Basil) do 'n dream ata òg ann an diadhachd " na scrioptuire, fhoghlum chum 's gu 'm bitheadh " an inntin air a daingneacha ann an diadhachd, " agus chum 's nach bitheadh iad air an cleachduin " re beul theaguisg dhaoine."

C. *Nach 'eil na Papanaich a cur rompa, gu raibh an comas a fhuair an fluagh air an scrioptuir a leughadh, na chionfath air iomadh mearachd?*

F. Ata iad: Ach ata na mearachdaibh sin ag togbhail cinn gu h araid, o ain-eolais air na scrioptuire maille re uaill, dulchanachd, agus mianna docharach.

C. *Ach nach raibh na scrioptuire air uaireadh, air a mio ghnathach', agus air an truailleadh leis na h ain-eolaich, agus dream neo'-fhoghloinnte?*

F. Ge do dh' fheadadh so tachairt air uaireadh, cha deadh rioshunt é an aghaidh leughadh nan scrioptuire,—ata na nithe as fearr air an t saoghal buailteach do 'n mhio-ghnathacha' so, agus é da rireadh

* Fear do 'n chleir.

ag tachairt,—eadhon, ſlaint, ſolus, ſaorſa, co mhaith re eólas.—Ach am feadar uime ſin, an toirt air falbh? —Am feadar fàth eólais a ghabhail air an fhirinn a bhacadh do dhaoinibh, air eagal tuiteam ann a' mearachd?

C. *Cionnas ata thu co-dughadh gu bheil e gu ſoilleir an aghaidh focail De, bhi diultadh a chupain do 'n t ſluagh ſan t ſacramaint?*

F. Ata e gu ſoilleir an aghaidh briathra Chrioſt ann a h ordugha; *Oluidh uile dheth*, Matth. xxvi. 27. Agus ata 'n t abſtol Pol ag toirt àithne do gach neach a dh' itheas do 'n aran, ól do 'n chupan mar an ceadna, 1 Cor. xi. 28.

Ata e r' a thoirt fainear oſbar, Gu bheil luadh air a chupan ann ſan Tiomna Nuadh, n' as trice no air an aran.

C. *Nach 'eil comhairle Chonſtance, ag aidmheil gu d' órduich agus gu 'n d' tug Crioſt ſeachad an t aran agus am ſion ann an ſacramaint na ſuipeir, agus gu be gnathacha nan creidmheach o ſhean an gabhail le cheile?*

F. Ata; ach ge d' aidmhich iad órdugh Chrioſt, agus gnathachadh na h eaglais o ſhean a bhi mar ſo, Gidheadh, dh' órduidh iad, nach gabhadh neach air bith an cupan ach na ſagairtibh.—Agus ata comhairle Trent ag cur an ceill, "Co air bith a "ſmuainteachas gu bheil e feumail do 'n phobul an "gabhail le cheile, gu 'm bheil é mallaighte."

C. *Am bheil na Papanaich a' toirt rioſunaibh air ſon a' chupain a chumail o 'n t ſluagh?*

F. Ataid: Is iad ſin a leanas cuid do na 's cudthromaiche dhiubh, 1. An d' eagal gu 'm bitheadh fuil Chrioſt air a dòrtadh air an làr. 2. 'N deagal gu' rachadh am ſion coiſreigte a ghleidher air ſon nan daoine tinn a' mugha. 3. Do bhri 'gu bheil moran nach urra boladh no blas ſiona fhulang. 4. Do bhri 'gu bheil ſion ro-ghann ann cuid do dhuthchaibh.—Thaobh a' cheud rioſun dhiubh ſin, ata e co mhaith an aghaidh an arain, no 'n abhlain a

thabhairt

thabhairt, oir feadaidh e briſeadh agus tuiteam air an làr, no bhi air a chaſachd amach leis an luchd comoineacha.—Thaobh an dara rioſun, ata na Papanaich ag deanamh feim dhe le moran mi-dhreach, do bhri' nach eil' iad ag amharc air an fhion an diaidh a choiſreagadh, mar fhion, ach mar fhuil Chrioſt, ni nach fhead air doidh air bith dol a' mugha.—Thaobh an treas, agus an ceathramh rioſun, cha 'n fheadar idir an ſparradh mar rioſunaibh ann 's 'gach duthaigh, a dhiultadh a chupain do 'n phobul.

C. *Ciod e is gnathacha 'do na Greugaich, agus do caglaiſibh eile ann ſan airde an Ear ann ſa chuis ſo?*

F. Be an gnathacha' o thoiſeach, agus gu 'n uig an lá duigh, an t ſacramaint a fhritheoladh do 'n phobul ann ſan da ghne.

C. *Nach 'eil iomadh ſgriobhach Papanach ag aidmheil, ga raibh na Crioſtaibh o ſhean, re iomadh linn, a 'gabhail na ſacramaint air an da ſheol?*

F. Ata iad, eadhon. Eccius, Salmeron, Lindamus Valentia, Coſterus, &c, ag aidmheil ſo.—Agus ata Caſſander ag aidmhicheadh, " Gu raibh an eag-" lais o ſhean, air a chuid as lugha ann ſgach frithea-" ladh foilleaſach re mile bliadhna ann diaidh " Chrioſt, ag toirt nan eliemeinte le cheile do 'n " phobul. *Conſmlt. Art.* 13.

Ata Papa Leo an t ainmeil, ag innſeadh dhuinn', gu 'n do thoiſeach an gnathacha ſo, bhi ag gabhail ſaoi' aran amhain, leis na h eirceachdaibh Manicheanach. Agus ata Papa Gelaſius ag ordughadh, " Mar gabhadh iad le cheile iad, gu bitheadh iad " air an conbhail uapa le cheile."

C. *Cionnas ata thu dearbha, gu bheil bhi deanamh urnuigh ann an cainnt nach tuigear leis an t ſluagh, choitchinn an agaidh áithne ſhoilleir De?*

F. Ata 'n t abſtol Pol, ag toirmeaſg a ghnathacha ſo leis na briathraibh as treiſe, trid a cheathramh caibdeil deug d' a cheud litir chum nan Corinthianach,

anach, gu h iomlan. " Oir ma ni mise urnuigh " an teanga choimheich, ata mo spiorad ag deanamh " urnuigh, ach ata mo thuisge neo'-tharbhach, " (thaobh dhaoin' eile.) Cionnas a deir an ti a' ta " an áite an duine gun fhoglum, *Amen*, mar tuig " é ciod è ata thu ag radh?" agus airis, " Mu thig " an droing ata gun fhoghlum a steach, no daoine " mi chreid'each, nach abair iad gu bheil sibh air " boile?"

C. *Nach raibh gach duthaigh ag deanamh adhraidh foilleasach na n cainnt fein, ann sna ceud linnibh do 'n eaglais?*

F. Bha. Be so an gnathacha' seasmhach, re tuilleadh as sea ceud bliadhn' ann diaidh Chriost, agus cha 'n 'eil daoine foloimte eaglais na Roimh a' cur na aghaidh so.—Ata * Cardinal Cajeton ag radh, " Gu b' fhearr gu mor gu 'm bitheadh an gnath- " ucha air aisig airis."—Agus ata Bellarmine ag aidmhiche, " Gu raibh na h Armenianaich, na h E- " gyptich, na h Ethiopianaich, na Russianaich, agus " droinge eile, a 'gnathacha an cainnt fein ann na n " crábhadh foilleasach."

C. *Ciod e an t ughdarras leis am bheil eaglaie na Roimh a 'cur mar fhiacha air daoinibh urnuighean a dheanamh ann an cainnt nach tuig iad?*

F. Le h ughdarras fein amhain; cha 'n 'eil i cuir roimpe barrantas o 'n scrioptuir, no o ghnathacha 'na h eaglais o shean ann sa chuis so, ach ag radh gu dan, " Gu bheil cumhachd aice atharrach', no " nithe nuadh a thoirt a steach a reir mar bhios na- " dur na cuis, agus na h aimsir ag iarruidh, agus " do reir na coir so, ataid ag agairt, feudair fiadh- " nais na scrioptuiribh, agus gnathachadh nan ceud " linnibh do 'n eaglais a chur a thaoibh le ordugh " eaglais na Roimh."

C. *Nach 'eil e ro mhi-riusanta, feadh sos mi-dhiadhaidh, ann eaglais na Roimh, bhi ag ordughadh adhradh crabh-*
ach

* Priomh cheann.

ach a choimhead ann an cainntin nach tuigear ?

F. Ata: Oir ma ta e feumail gu 'n tuigeadh daoine ni air bith a ni iad ann an crábhadh, agus ma 'ta urnuigh na h aon do ghniomhartha ro shonruighte a chrábhaidh sin, 'séigin gu 'm bheil e ann sa cheim as airde mi riusanta, agus mi-dhiadhaidh teachd ann lathair an De neo'-chriochnaich ann cànmhuinn air am bi duine ain-eolach gu h uile.

C. *Nach 'eil e coslach gu 'bheil eaglais na Roimh fiosrach gu bheil a teagasg, a runaibh, agus a gniomhartha cronail, thaobh gu bheil i ag ordughadh a h adhradh ann cainnt nach tuigear ?*

F. Ata. Agus gu dimhin, 's i mo bharail, gu bheil riaghliu'-fheara na h eaglais sin co glic ann a' ginealaich, as gu bheil iad ag tuigsin, gur h e an dorchadas ataid a conbhail suas na 'm bothaibh ata bacadh do 'n t sluagh mearachd an airneis a thoirt fainear.

C. *Cionnas ata thu co-dughadh gu bheil adhradh agus urnuigh re ainglibh agus re naoimh, ata air ordughudh le eaglais na Roimh ann aghaidh áithne sheilleir Dhe ?*

F. Do bhri' gu 'm bheil an gnathacha' so gu soilleir air a thoirmeasg, Col. ii. 18, 19. "Na mealladh aon neach bhur duais uaibh le irioslachd "thoileil, agus ádhradh do ainglibh, a' foirneadh a "steach gu dana chum nan nithe nach facadh e, "agus gun an ceann a chumail," (Josa Criost.) Agus ata sinn ag leughadh, gu do dhiult aingeal an t àdhradh so. "Feuch nach dean thu é," deir an t aingeal re Eoin, "oir is mise do cho'-shearbhiseach, "dean àdhradh do Dhia," Taisi. xix. 10.

C. *Nach 'eil cuid do na sgriobhaich Papanach ag aidmheil, nach raibh urnuighean re naoimh ga n gnathacha re* 300 *bliadhn' ann diaidh do Chriost teachd a dh'ionnsuidh 'n t saoghail ?*

F. Ata. Gu sonruighte ann Priomh-cheann * Perron, Richlieu, agus cuid eile. Agus ata e 'r a thoirt

* Cardinal,

thoirt fanear, gu bu choir do 'n riofun ataid ag toirt air fon dearmad nan fean linnibh air a ghnathacha fo, an cumail gu brath o 'n ghnathacha' fin a thoirt a fteach do 'n eaglais, " gu 'm bitheadh e tuilleadh " as cofmhail re iodhol-adhradh nan cinneach, agus " mar fo gu 'm bacadh e craobh fgaoile an t foifgeul."

C. *C' uin' a thoifeach urnuighean fhoilleafach re naoimh ann fan eaglais ?*

F. Cha 'n 'eil a foilleir gu raibh fo air a dhaingneachadh gu 'n uig bliadhn' ar Tighearna 787, 'n uair a dh' orduigh dara comhairle Nice iad, agus do bhi e chomhairle fo air a diteadh le comhairl' eile ann am Frankfort, ann fa 'n bhliadhna 797, agus do bhi adhradh re naoimh mar an ceadna, air a dhiteadh le comhairl' eile roimh an am fin aig Conftantinople ann fa bhiadhna 754, far an roibh 338 eafboig a' lathair.

C. Nach 'eil Solamh ann urnuigh re Dia ag radh " Is thufa, eadhon thufa amhain, ata fiofrach air " croidhibh chloinn nan daoinibh uile," *Nach breiflich mi dhiadhaidh ma 'ta, bhi fmuainteacha' gu bheil aingle, na naoimh eolach air croidhibh dhaoine, agus gur cufboire adhradh iad ?*

F. 'Seadh.

C. *Nach 'eil uirnuigh re naoimh agus ainglibh ag deanamh eacoir air ar Slanuï fhear beannughte ?*

F. Ata, a mhead as ata é a 'meas nach 'eil eideirmheadhoinearachd Chrioft leoir fhoghainteach, 'n uair ata daoin' a 'cur fuas coi-lion eidir-mheadhoineara maille ris fin, ge ta 'n fcrioptuir ag luadh " air " aon Eidir-mheadhoineir amhain eidear Dia agus " daoine, an duin' Iofa Crioft, a thug e fein mar " eiric air ar foinn."

C. *Nach 'eil na Papanaich ag agairt eifempleir Jacob air fon urnuigh re ainglibh ?*

F. Ataid : Ach rinn Jacob urnuigh amhain ris an aingil a fhaor é, eadhon Iofa Crioft, a thaifbean é fein gu tric do na priomh aithreachaibh, agus ris

an

an deir Isaiah, "Aingeal latharachd an Tighearna," Isa. lxii 9.

C. *Nach 'eil e air innseadh dhuinn gu 'm bheil gairdeachas ann lathair aingle De re iompughadh peacaich?*

F. Ata: Ach ge do dh' fheadas Dia iompughadh peacaich a nochadh do ainglibh, agus do naoimh air neamh chum an sonas a mheadhacha; ata atharrach' mor eidear so agus eólas a bhi aca air croidhe dhaoine air thalamh, ni a bhuineas do Dhia amhain, agus as eagmhuis so, cha 'n fhead iad bhi na n cusboire ádhraidh.

C. *Cionnas ata tha cho'dughadh gu bheil e 'n aghaidh áithne shoilleir Dhe, bhi ag órdughadh iomhaighean a chuir suas ann an teanpuil, chum s' gu striochda am pobul sios nan lathair?*

F. Ata 'n gnathach' sin air a thoirmeasg co shoilleir, as a dh' fheadas briathra 'a labhairt ann san dara h áithn'. Exod. xx. 4, 5. "Na dean dhuit fein "iomhaigh shnoighte, na striochd sios, agus na dean "ádhradh dhoibh." Agus Deut. xvi. 23. "Ni mo "a chuireas thu snas iomhaigh air bith, ni as fuath-"ach leis an Tighearn do Dhia.".

C. *Nach 'eil na Papanaich fosrach gu bheil an gnathacha ann so, an aghaidh sin agus an leithid do áitheantaibh?*

F. Is cosmail gu bheil iad: Oir ann am moran d' an ceasnuchain, ata 'n dara áithne, fair a fagail amach; do bhri' gu bheil i co direach ag diteadh an gnathachaidh, agus chum an t aireamh a dheanamh suas, ataid a' roinn na deicheamh áithne na dias.

C. *Ach nach 'eil iad a' cur an ceill, nach 'eil iad a' deanamh ádhraidh ris an iomhaidh, ach a deanamh adhradh re Criosd, agus re naoimh trid nan iomhaighean sin?*

F. Ataid; ach cho ghabh so an leith-sgeul o pheacadh iodhol adhhraidh; oir ata 'n áithne gu soilleir ag radh, "Na dean iomhaidh shnoighte air bith. "Na crom sios na lathair. Na cuir suas i." Agus gidheadh, ata na Papanaich uile ga dheanamh so nan teampuil, agus nan ionadaibh ádhraidh gun saóradh.

C. *Nach*

C. *Nach 'eil moran do ſgriobhaibh nan ſean aithreacha ag ſaothracha ann bhi diteadh ádhraidh iomhaighean, no bhi ga 'n gnathacha' mar chognamh do chrábhadh ?*

F. Ata.

C. *Nach 'eil Auſtin ag amharc air ádhradh iomhaighean, mar ni o 'm bheil cron ag ſrutha air intinne dhaoine ?*

F. Ata é, oir deir eiſean, " N' uair a churear " ſuas dreach, cruth, no dealbh duine o 's aird, ann " diaidh dha toiſeacha' air urram agus onoir fhagh- " ail o 'n mhor ſhluagh, ata e gintinn ann 's gach " duine na h ainmianaibh gumearachd as graineala, " agus ge nach mothaigh e ſan iomhaigh ſin, gluaſ- " achd bheothail nadura' air bith, gidheadh ſaolaidh " é gu bheil dee eigin an taobh ſtigh dheth." *Auguſt. air Salm.* 113.

C. *Ge ta chuis mar ſo, Nach 'eil Bellarmine an gaiſgeach mor air ſon na 'm Papanach ag radh,* " Nach 'eil ádhradh r' a thoirt do iomhaighean amhain mar " eiſempleiribh, ach mar an ceadna gu direach, agus " da 'n taobh fein, chum 's gu ſuidheicheadh an " t adhradh orra ſan ?"

F. Ata é ag radh ſo. Faic *Tom.* iii. *Diſp.* 6. d' a ſgriobhaibh.

C. *Am bheil e fior gu bheil na Papanaich a' dol co fhada gu h an dana, as bhi cur a mach na Diadhachd, agus na Trionad Naomha, le iomhaighibh agus le dealbhaibh ?*

F. Ataid. Oir ata iad ag taiſbean Dhia an t Athair, coſmhail re ſean duine, le Ioſa Crioſt na uchd, agus an Spiorad ois an ceann an cruth colman; mi-dhiadhachd coſmhail ris na Cinneach, dream " a chaochail gloir an De neo'-thruaillidh, gu coſ- " amhlachd iomhaigh dhuine thruaillidh," Rom. i. 23.

C. *Nach 'eil Aquinas, Bonaventure, agus olnidh * eile Papanach a' faghail cron da adhradh iomhaighean ?*

F. Ataid.

C. *Ciod a bha'rail a bh' aig' Gregory am Papa Ainmeil a bha ann ſan t ſeathadh linn, mu adhradh iomhaighean ?*

F. Bha

* Daoine foghloimte.

F. Bha e diom-buin'each do ádhradh iomhaighean, mar ata a litir gu Senecius ag nochda : Ni mo bha ádhradh le iomhaighibh air òrdughadh gu foilleasach san eaglais gu deigh an 700 bliadhna, 'n uair a bha e air a dhaingneacha' leórdugh comhairle Nice.

C. *Ach ciod i do bhar'ail mu ádhdhradh do 'n Oighe Muire, ris am bheil na Papanaich ag deanamh tuilleadh urnuighean na re Josa Crioft ?*

F. Gur iodhol-ádhradh da rireadh so : Oir ge ta 'n Oighe bheannuighte air a glóruchadh air neamh, gidheadh is creatuir amhain ì, agus ni bheil àithne, no eisempleir air son an ádhradh so am focal De, ni a sdiuras gu tearuinte sinne.

C. *An d' tug ar Slanuï'-fhear misneach ann ádhradh thoirt d' a mhathair ?*

F. Cha d' tug ach a cheart atharrach ; oir an uair a dh' iarr ì ni eigin air, fhreagair è : " Creud mo " ghnothuchsa riut, a bhean ?" Eoin ii. 4. Agus an uair a dhinnseadh dhá gu raibh a mhathair agus a bhraithre nan seasamh a muigh 'ga iarruidh, a dubhairt é, " Co ì mo mhathair, no mo bhraithre ?" gun aontuchadh suim a ghabhail diubh.

C. *C' ar son a thug ar Slanuï'fhear co beag urram d'a mhathair san am sin ?*

F. Thaobh cosdais, a thoirt mi-mhisneach do 'n iodhol-àdhraidh a bha fios aige ann san tuiteadh eaglais na Roimh ann an ádhradh a thabhairt dhi ; oir am be rún gun deanamh na Crioftuidhean urnuigh ria, bheireadh e tùilleadh urram dhith am fiadhnais na t sluaigh.

II. C. Osbar air na h àitheantaibh agus na reachdaibh eaglais na Roimh a roï'-ainmeicheadh, agus a dhearbh thu a bhi peacach, a dubhairt thu, gu bheil cuid do THEAGASGAIBH aig' an eaglais sin, ata 'n dara cuid gu soilleir ag toirt misnich do dhaoin' ann gniomhartha' peacach, no g' an aomadh chum peacaidh gun fhios : *Creud iad na gneibh sonruighte dhiubh sin ?*

F. Ainmiche

F. Ainmiche mi feachd ameafg morain eile. 1 Gu 'm fead Crioftui'ean oibreadh thar barrachd a dheanamh, (fe fin) gu fead cuid a dhaoinibh tuilleadh fearta a bhi aca no tha feumail chum flainte, agus uime fin, gu fead iad cuid do dheadh thoilteanas a fheachna' air fon tairbh do chach, air am bheil e dh' eafbhuidh.

C. *Cionnas ata thu dearbha gur teagafg breige fo?*

F. O 'n chuigeadh caibdeul do fhoifgeul Mhatha 48. rann. Ata ar Slanui'-fhear ag áithne dhuinne " bhi diongmhalta, 'mar ata ar 'n Athair air neamh " diongmhalta." Agus ann fan 17 caib. do fhoifgeul Lucas, rann 10. Ata é 'g iarruidh air daoinibh, " N uair a ni fibh na huile nithe a dh' áithneadh " dhuibh, abruibh, *Is feirbhifich neo'-thabhach finn,* " *oir rinn finn an ni bu dligheach dhuinu a dheanamh.*"

C. *Nach 'eil an teagafg Papanach thaobh fearta deadhoibreadh mi-reufanta ann fein?*

F. Ata: Oir chum ni air bith a thoiltin o Dhia, chuireadh fin faoi fhiacha dhuinn' eifean, d' am bheil finne faoi fhiacha air fon gach ni a dh' fheadas finn a mhealtain; ofbar, ata ar feirbhifeadh as fearr neo-dhiongmhalta, agus air am meafga' le peacadh.

C. *O nach fhead aon neach ni maith air bith a thoilltin o Dhia air a fhon fein, am fead e air chor air bith a thoilltin air fon neach eile?*

F. 'S cinnteach nach fhead; agus uime fin, cha 'n fhead oibreadh thar barrachd a bhi ann.

C. *Ciod e 'ta Bellarmine ag radh mun chuis fo?*

F. Ata e 'g aidmheil, " Gur h e as tearuinte agus " is cinnticheadh ar 'n uil' earbfa chur ann trocair " Dhe amhain, do bhri' gu bheil ar ceartas fein neo'- " chinnteach, agus thaobh cunntart gloir dhiomh- " ain." *Faic Bellar. air firinnecha.*

C. *Cionnas ata thu dearbha nach fhead aon duine co-pairt a bhi aige ann deagh thoillteanas duin' eile?*

F. O bhriathraibh fin an Tighearna, Efec. xviii. 4, 20. " An t anam a pheacuigheas gheabh fe bás.

" Bitheadh

" Bitheadh ionracas an ionracan air fein, agus bith-
" eadh aingidheachd an aingidh air fin." Agus Gal.
vi. 4,5. "Ach dearbhadh gach neach obair fein, agus
" ann fin bithidh adhbhar uaill aige d' a thaobh
" fein amhain, agus ni h ann a thaobh neach eile;
" oir giulainidh gach neach uallach fein."

C. *Creud iad na h uilc ata frutha o 'n teagaſg ſo?*

F. Ata, an impidh no bharail ſo, gu 'm bheil tuilleadh fearta aig' duine' na 'ta feumail a 'cur as do irioſlachd, agus ag altrom uaibhreachais agus bhi 'g earbſa re deagh-oibreadh dhaoin' eile, a dheanamh ſuas a h eaſbhuidh ann fein; cleachdaidh ſo dha bhi n' as dearmaideich air a dhleaſdanas, agus ni as ullamh chum e fein a cheaduchadh ann am peacadh.

C. *Creud iad na teagaſgaibh eile Papanach ata toirt miſnich do dhaoinibh ann gniomartha peacach?*

F. Teagaſg an aontuchaidh, no logha cionta n ata 'm Papa a toirt ſeachad air ſon airgiod; ach ata ſo ag fuaſgladh co mór chum gach mio-nos, agus co ſhoilleir ann aghaidh focail De, as gu bheil na Papanaich anois a' gabhail naire dheth, air a chuid as lugha ann duthchaibh Aithleaſuighte.

C. *Am bheil aon air bith do ſhean aithreachaibh na h eaglais, a 'toirt iomradh air bith air aontuchadh, no dioladh ann lathair Dhe air ſon peanas aimſireil, no meas gu bheil iad tarbhach air ſon na marbh?*

F. Ni bheil a h aon duibh 'ga dheanamh.

C. *An urradh thu cunntas a thabhairt, c'uin' a thoiſ-each na h aontachaidh, no na deagh-ghean ſo?*

F. Ata ceud chomhairle Nice, agus comhairle Arles agus Ancyra, a toirt iomradh orra; ach ataid 'g a meas mar f huaſglaibh, no ſgaóileadh o dhioladh do lagh na cleire; eadhon, o ſmachdughadh na h eaglais. Ach do bhi nuadh agus ard ſteigh an an aontughaidh air aleigeal le Papa Clement VI. do 'n ainm ſin ann ſa bhliadhn' 1350.

C. *Nach mio-narach, aingidh, agus mi-dhiadhaidh an*

ni bhi reic deagh-ghean no logha cionta ?

F. Gu dimhin 'f eadh o nach 'eil barachd oibreadh aig' na daoin' as fearr. Oſbarr, ciod e a dheadas bi na 'f mi-riuſuntaiche na bhi toirt maitheanais air ſon argiod, mar gu feadtaidh deadh-ghean De a cheannach no reic, ni ata eaglais na Roimh gu tric a 'gnathacha'.

C. *Creud e an treas teagaſg ata ag toirt miſnich do dhaonaibh chum peacaidh ?*

F. Nach 'eil firinn r' a chumail re eriſceachdaibh, agus gu 'm fead am Papa iochdrana' fhuaſgladh o 'm mionnaibh do phrionſaibh Aithleaſaighte. Teagaſg a thug air iochdranaibh ceannairc a dheanamh ann aghaidh an uachdranaibh laghail, ni ata an t Abſtol Pol gu foilleir ag toirmeaſg, " Biodh " gach anam umhal do na h ard chumhachdaibh; oir cha 'n 'eil cumhachd ann ach o Dhia: agus na cumhachda' ata ann, is ann o Dhia a dh' órduigheadh," *Rom.* xiii. 1.

C. *Cionnas ata e foilleir gur teagaſg ſo a bhuineas do eaglais na Roimh ?*

F. O litir Phapa Martin V. gu Alexander Duic Lithuania, ann 'f am bheil na briathra foilleir ſin, " Biodh ciunteach gu bheil thu peacacha' chum " báis ma ghleadhas thu firinn re eiriceachdaibh." Agus ſhocruigh comhairle Chonſtance, " Nach " coir gealladh air bith a' chumail re eiriceachdaibh." Agus ata Papa Gregory IX. ag radh, " Biodh fios " ag muintir gach duthcha ata faoi ughdarras eir- " iceachda, 'gu 'm bheil iad air an ſaór fhuaſgladh " o gach ceangal diſleachd, agus dleaſdanas dhoibh. " Ciod air bith atharracha 'mionna no ceangal a ni " iad riu." Agus ata Simanca ag teagaſg an ni ceadna, agus ag radh, oſbar: " Ge do bhitheadh e " air a dhaingneacha' le mionna, (oir a deir ſe,) " ata ſinn ag radh ſo gu tric, ach ata e feumail bhi " ga ghnath-innſeadh." Agus cuirear re ſo uile, briathra' ſin Phapa Gregory VII. " Ata ſinne (deir " eiſean)

" eifean) ag leantuin ſtatuin na dream a bha air
" thoiſeach oirne, do, reir ar 'n ughdarrais abſto-
" laich, ag fuaſgladh gach neach o gach mionna
" agus dilſeachd leis am bheil iad ceangailte re dream
" ata faoi charn eaglais." Agus ata e ſar fhioſ-
rach gu bheil gach uile neach Aithleaſuighte air an
druideadh amach mar ſo, agus air am meas mar
eiriceachdaibh le eaglais na Roimh. Agus ata
reachd na cleire mar an ceadna ag radh, gu fead
am Papa gach neach fhuaſgladh o mhionna umh-
lachd, agus ata ſo air a chur ſios ann an lagh na
cleire, agus air a dhaingneacha' le comhairle Trent.

C. *An ainmigh thu gnathacha' Papa no chomhairle
freagrach do 'n teagaſg mhilteach ſo?*

F. Dh' fheadain moran a thoirt a ſteach,—Ach
ainmicheadh mi dias amhain,—Ge do fhuair Eoin
Huſs barrantas tearuinteachd o 'n Impeireadh Sigiſ-
mond, gidheadh, thug comhairle Chonſtance thairis
do 'n arm ſhaoghalt' é, agus thug iad ſuas do Dhiuc
Bhavaria è, agus bha è air a loſgadh gu bás ann ſa
bhliadhn' 1415.—Ann an Litir Phapa Pius V. d'an
goirtheir, Damnadh agus Aſcaoin-eaglais Elizabet
Bain-rioghain Shaſgan, agus a luch-leanmhuin, *&c.*
ata na briathra' ſo, " Agus, oſbar, ata ſinn a' cuir
" an ceill gu bheil iſe, *(Elizabeth)* gus a cur ſios o 'n
" ughdarras a ghabh i dhi fein, air an rioghachd a
" roi-ainmeighe, agus o gach uile' urram, cumhachd,
" agus ſochair air bith; agus mar an ceadna, gu bheil
" mor-uaſleadh, iochdaraine, agus ſluagh 'n a riogh-
" achd ſin, agus gach aon eile a mhionnaigh dhiſe,
" air doigh air bith, air am fuaſgladh a choidhch
" o' na mionnaibh ſin, agus o' gach gne dhleaſdanais
" thaobh uachdranachd, geil, agus umhlachd, mar
" ata ſinn mar an ceadn' le ughdarras na litir ſo, ga
" 'm fuaſgladh, agus a' cuir Elizabet amach o 'n tiod-
" al na rioghachd a ghabh i dhi fein, agus gach ni
" eile a roi-ainmeaghadh; agus ata ſinn ag aithne,
" agus a toirmeaſg do gach aon neach, eidear mhor

 " uaiſle,

" uaifle, iochdaraine, phobul agus cach a roi-
" ainmeachadh, umhlachd a thoirt dhi, no d' a
" fuirealibh, àitheantaibh, agus reachdaibh. Air
" a thabhairt fan Roimh, ann bliadhn ar Tighear-
" na 1570."

C. *Nach 'eil an teagafg fo, nach coir gealladh no mion-a chumail re eireceachdaibh, agus gu bheil comas aig' a Phapa, iochdrana' fhuafgladh o am mionna geill d' am prionfuidh Aithleafaighte, ag teilgeil bonn os ceann gach deagh riaghal a meafg dhaoine, agus ag cur as do gach ceangal crabhach?*

F. Cha 'n 'eil ni air bith n' as foilleire na fin.

C. *Creud e an ceathramh teagafg do 'n ghne fo?*

F. Gu 'm bheil eiriceachdaibh gu bhi air an geur-leanmhuin, agus gu bhi air an fgrios.

C. *Co ris a deir na Papanaich eirceachda?*

F. Re gach uile Chriofluidh nach 'eil a' creidfin an teagafg breige fin, agus ag aontuchadh le 'n iodhol-àdhradh fan, ach gu fonruighte an dream Aithleafuighte.

C. *Cionnas ata thu dearbha' gur ann do theagafg eaglais na Roimh ata fo?*

F. Ata lagh na cleire ga chuir as an teagamh, " Gach neach nach feán ericeachd fin, agus nach " pill air ball chum an fhior chreidimh, bitheadh " é air a thoirt fuas do 'n bhreith-fhaoghalta, chum " peanas dligheach a dhoi-bheart fhaghail." Ata ceathramh chomhairle Lateran ag ordughadh, "Gach " Coitcheannach a thogbhas a chrann ceafaidh, a " chriofraicheas a leafraibh, agus a bhios gniomhach " ann cuir as do eiriceachdaibh, gu 'm meall e na " fochaire agus an luieachd cheadna ris, an dream " a rachadh a theafairgin an Fhearain Naomha." Agus b' e làn mhaitheanas na 'n uile pheacaidh, an tuiteadh iad ann fa chás aon do na fochaire fo. Agus ata comhairle Toleda ag radh, " Ata finn, chomh-" airle naomh, ag fuogradh an orduigh fo ata tait-" neach do Dhia, Nach fhead neach air bith na

" dhiaidh

" dhiaidh ſo a thig na óighre air rioghachd, ſuidh-
" eadh air a chathair, gus an gabh é a mionnan ſo,
" ameaſg mionna eile, nach ceadaich è do dhuin'
" air bith bhi na rioghachd, nach 'eil do 'n chreidimh
" Choitchinn. Agus ma 'ſe as gu 'm bris e na moide
" ſo ann diaidh laimh, bitheadh é *malluighte* ann
" lathair an De ſhiorruidh, agus na chonnadh air
" ſon teine ſhiorruidh." Agus ata Bellarmine ag
radh, " Gun teagamh, am biodh e comaſach cuir as
" do eiriceachdaibh, bu choir an ſgrios gu h iomlan."

C. *Cionnas a ghnathaigh iad na h Aithleaſaighte?*

F. Far an raibh an cumhachd aca, bu tric leó an dicheall a dheanamh chum cur as doibh, le teine agus cloidheamh, agus gach gne do ain-iochd.

C. *Cionnas ata ſo air a nochda?*

F. O iomad eſeimpleir, ata foilleaſach do 'n t ſaogh-
ail uile; gu ſonruighte

O mhurtadh moran mhilti do na Proteſtanaich ann 'ſa choſgradh mhi-chliutach ann am Paris.

O bheó loſgadh iomad eaſpoig diadhaidh, agus foghlomtuidh, agus cuid eile, ann Saſgan, ann an rioghacha' Bain-rioghain Marie, a chur na ceudan d' a h iochdaranaibh Aithleaſaighte gu bàs le h ain-iochd. Ann ſa bhliadhna ſa dheire d' a rioghacha, dh' fhuiling 39 do h iochdarain Aithleaſaighte mair-tearachd, agus ann t ſeachduin m' an deug í, chuidh cuigear a loſgadh ann Canterbury air ſon an' creidimh.

Ach gu ſonruighte, am murtadh fuileachtach ann Eirinn', ann ſan do chuireadh ceud mile gu bàs, eidear fhir agus mhnai, ſhean agus óg, ann aon la, 23. ochd mhios ann ſa bhliadhna 1641.

C. *A dubhairt thu gu bheil e ſár fhioſrach gu bheil gach neach Aithleaſaighte air an druideadh amach le eaglais na Roimh; cionnas a dhearbhas thu ſo?*

F. Le *Bulla in Cœna Domini*, (ata air fhuagradh gu greadhnach ſan Roimh gach bliadhna' air Diar-daoine ro 'n cheaſadh,) ann ſam bheil na briathraibh ſin, " Ata ſinne (ann ainm an De uile Chumhachd-

aigh,

aigh, an t Athair, a Mhic, agus an Spiorad Naoimh, agus le ughdarras na 'n abſtol bheannuighte Peadar, agus Pol, agus le 'r 'n ughdarras fein, ag druideadh amach, agus a' *malluchadh*,) gach uile Huffite, Wicklephite, Lutheranaich, Zuinglianaich, Calviniteach, Hugoniteach, Anabaiſteach, Trinitarianeach, agus gach neach a chul-ſleamhnaich o 'n chreideamh, agus gach eiriceachd eile, ciod air bith ainm faoi 'm bheil iad, no ciod air bith as gne aidmheil dhoibh, maille re 'n luchd leanmhuinn; a mhead ſa ta gabhail riu, a' nochda' deadh run dhoibh, agus na h uile 'ta gabhail an leith ſgeul, maille ris gach dream ata 'n taobh 'mach d' ar ughdarras ne, agus do ughdarras eaglais nan abſtol le fios, ag leughadh, a' gleidheadh, no clo'-bhualadh an leabhrachain eiriceachd, no air ſon rioſun no cionfa air bith, gu diomhair, no gu follaſach, ag gabhail leith ſgeul nan leabhrachain ſin ata labhairt air crabhadh."

C. *Mheas na Papanaich gu bu ni deadh thoillteanach an t ain-iochd ſin air na h Aithleaſaighte; cionnas ma ta a dhearbhas thu gu bheil e mio-laghail?*

F. Do bhri' gu 'm bheil e 'n aghaidh gach maitheas, agus trocair, 'ta deanamh dhaoine coſmhuil re Dia, agus mar an ceadna an aghaidh a' chreidimh Chriosduidh.

C. *Cionnas ata thu co-duckadh ſo?*

F. Leis na ſcrioptuir ſin a leanas, Lucas vi. 36. "Bithibhſe uime ſin trocaireach, mar ata bhur 'n "Athair fós trocaireach." Eph. iv. 32. "Agus "bithibh caoimhneil, teò-chroidheach d' a cheile, "a' tabhairt maitheanas d' a cheile, eadhon mar a "thug Dia mar an ceadna maitheanas dhuibhſe ann "Crioſt." Eoin xiii. 35. "Leis ſo aithnichidh na "h uile dhaoine gur ſibh mo dheiſciobuilſe, ma "bhios gradh agaibh fein d'a cheile. Lucas ix. 56. "Oir cha d' thanig Mac an duine a ſgrios anama "dhaoine, ach g' an ſaoradh." Ata na Papanaich uime ſin le bhi cliuacha' an ain-iochd fein an aghaidh

Phroteſtanach

Phroteſtanach neo'-chiontach, a' nochda'nach airidh iad a bhi air an ainmeachadh air Crioſt, agus gu bheil a Phapanachd na creidimh ro-olc.

C. *Creud e cuigeadh teagaſg eaglais na Roimh, ata gu ſoilleir ag tarruing ; no gun ſhios ag mealladh na dream ata ain-eolach, agus neo'-mhothachail chum peacaidh ?*

F. Gur coir do gach aon duine, gun tuille rannſuigheadh a chreideamh aomadh chum gach ni a ſhocruigheas an eaglais.

C. *Cionnas ata thu dearbha gu 'm bheil e mar ſhiachadh air gach Crioſtuidh bhi ag rannſuchadh, agus a toirt breith air a ſhon fein, ann áite bhi toirt dall-gheill do gach ni air an ſocruigh dream eile ?*

F. Ate e ſoilleir uaithe ſo; ata an t abſtol Eoin ag cur mar fhiacha air gach Crioſtuidh, " Gun " bhi ag creidſin gach uile ſpiorad, ach bhi *ag* " *dearbha' nan ſpiorada, ann an o Dhia ata iad,*" Eoin iv. 1. Agus deir Pol, 1 Theſſ. v. 21. " Dearbhaibh " gach uile nithe, cumaibh gu daingean an ni ata " maith." Gal. i. 8. " Ach d'an deanamaid ne, no " aingeal o neamh, ſoigeul eil'a ſhearmonach dhuibh, " ach *an ſoiſgeul* a ſhearmonaich ſinne dhuibh, biodh " é malluighte."

C. *Cionnas ata e ſoilleir, gu bheil bhi ag teagaſg do dhaoinibh, gur coir dhoibh an creidimh a choir faoi gheil do riaghail na h eaglais g' am mealladh gu peacadh ?*

F. Nochda' cheana le cuid mhaith eſempleire, gu 'n d' áithn' iad iomad ni chum bhi r' an creidſin, agus r' an gnathacha' mar aon, ata 'n aghaidh focail De, agus ata ſo ag dearbhna na cuiſe.

C. *Ma chuaidh Papaidh a' mearachd, agus ma chuaidh comhairlidh a mearachd leis a Phapa air an ceann, nach 'eil e mio-riuſanta, a bhi cuir ar creidimh faoi gheil do reachdaibh eaglais na Roimh ?*

F. 'S cinnteach ſin.

C. *A 'm bheil e fior gu 'n deach' iad le cheile am mearachd ?*

F. Ata; bha moran do na Papaibh eireceachd :

Bu

Bu Mhontaniſt Zepherinus, bha Marcellinus re iodhol-àdhradh, b' Arianach Liberinus agus Felix II. bu Neſtorianach Anaſtaſius II. bu Mhonothilite Honorius, agus dh' fhuagair moran do na Papaibh reachda', agus òrduighean a bha 'n aghaidh cheile: Thilg Innocent III. bonn os ceann reachd a dh' òrduigh Eoin I. rinn Eoin XXIII. ar an amhuil ceadna air reachd a dhaingneachadh le Nicolas I. thug Gregory I. breith an aghaidh Phelagius II. agus Leo VIII. an aghaidh Arian III. agus Nicolas I. an aghaidh Zacharius. Dh' fhuagair comhairle Chonſtance, agus Gelaſius II. órduighean an aghaidh cheile, agus rinn comhairle Trent agus Gregory III. air an amhuil cheadna, *&c.*

Agus ata e leór ſhoilleir o na h órduighibh fein, gun do thilg comhairlean maile re Papaibh bonn os ceann, reachdaibh a dhaingnigh comhairlean agus Papaidh air an ceann.

Ann an da chomhairle Choitchinn, ann ſan raibh Papaibh air an ceann, agus leis an d' aòntuigh iad, eadhon, comhairlibh Bhaſil, agus Choſtance, dhaingnigh iad ughdarras comhairle os ceann a Phapa, agus is cinnteach do reir barrail nam Papanach, c' ait air bith am biodh an t ard ughdarras air a ſhuidheacha', 'ſeigin do 'n neo'-thuiteamachd bhiodh 'n ſin mar an ceadna: Gidheadh, le da chomhairle eile, agus Papaidh air an ceann ag aóntucha' leó, eadhon, comhairle Florence, agus Lateran, bha ughdarras a Phapa os ceann comhairle air órdughadh.

C. *Ciod e an ſeathadh teagaſg do 'n ghne ſo, ata air a ſheoladh gu ſeaſmhach le eaglais na Roimh?*

F. Gu bheil eidir-mheadhoin-fheara eile eidir Dia agus duine thuille air Joſa Crioſt, mar 'ta naoimh, agus aingle, ach gu ſonruighte an Oighe Muire.

C. *Cionnas ata thu dearbha, gur teagaſg breige ſo?*

F. Ata focal De gu ſoilleir a' nochda gur h e Joſa Crioſt an t aon Eidir-mheadhoin-fhear amhain, 1 Tim. ii. 5. "Oir is aon Dia ata ann, agus aon

"Eidir-

" Eidir-mheadhoin-fhear eidir Dia agus daoine, an " duin' Josa Crioft;" agus ata an riosun ag leanntuin, " A thug é fein na eiric air son nan uile." Agus cha 'n fheadar an urrad so a radh air son naomh, no aingeal air bith, agus uime sin, cha 'n fhead iad bhi nan eidir-mheadhoin-fheara dhuinne, do bhri' nach d' tug iad eiric air ar soinne.

C. *O'n ata an scrioptur ag dimheanacha dhuinne, gur h'e Dia amhain, ata siosrach air croidheachan chloinn nan daoinibh, nach 'eil urnuighean re naoimh agus aingle, aig' nach 'eil fios air smuainteadh a chroidhe, neo'-dhia'aidh, agus mio-riusantadh ?*

F. Is cinnteach sin.

C. *Ge 'ta 'n scrioptur ag dimhineacha dhuinn nach 'eil ach aon Eidir-mheadhoin-fhear amhain eidir Dia agus daoine, nach 'eil na Papanaich a deanamh urnuigh re ainglibh agus naoimh, cha 'n ann amhain mar eidear-mheadhoin-fheara iochdranach, ach air uaireadh mar ard eidear-mheadhoin-fheara ?*

F. Ata iad. Ann san urnuigh ris a bhan naomh Annie, ataid ag labhairt ria; " O Annie a bhean " leis an Uan, soillsich sinne o 'n leath stigh, sgrios " freamha a pheacaidh. O bhean uasal oirdhearc, " an diaidh trioplaidibh an t saoghal so, aisig thusa " sinne chum na cuideachd bheannuighte." *Faic Missal. clo'-bhuala Par.* 1520.

C. *Cionnas ata thu dearbha gu bheil an teagasg so ag mealladh dhaone gu peacadh ?*

F. 1. Do bhri' gu 'm bheil e na chionfa 'a thoirt easonoir do Chrioft an t aon Eidir-mheadhoin-fhear amhain.

2 Do bhri' gu bheil e 'g an tarruing chum iodhol-adhradh gu direach, le bhi toirt an adhraidh sin do chreatuiribh, ata dligheach do Dhia amhain.

C. *Creud e an seachdamh teagasg Papanach ata ag-mealladh dhaoine chum gniomhartha peacach ?*

F. Teagasg na briogh-atharrach'.

C. *Ciod e ta iad ciallucheadh leis an fhocal chruaidh so ?*

F.

F. A taid a' cialluchadh ni ata móran n' as cruaidhe, agus ni nach 'eil iad fein ag tuigsin, eadhon, Gu bheil an t aran agus am fion ann sacramaint suipein an Tighearna, air ball an diaidh an coisreaga, air an tharracha gu fior chorp agus fuil Chriosd.

C. *Am bheil iad ag radh le danachd ann lorg do 'n t sagairt, na focail sin a labhairt,* 'S e so mo chorpsa, *gu bheil an t aran agus am fion air an tionndadh, gu fior chorp agus fuil, craicinn, agus cnamhan Chriosd ?*

F. 'S e sin is seagh dhoibh sin.

C. *Ciod e a deir thu ris a bha'rail so ?*

F. Gu bheil i roi-mhi-riusanta, agus na mearachd sgriosach, ata tilgeadh bonn os ceann gach eolas agus crábhadh ; air achd, as gu bheil i cur as do fhia'nais ar mothachaibh ; agus ar riosun, agus do fhia'nais nan scrioptuir, air am bheil gach uile eolais agus crábhadh air an steighéacha'.

C. *Cionnas ata so an aghaidh fia'nais ar mothachibh ne ?*

F. Do bhri' gu bheil ar sealladh, ar blas, agus ar bóltrach uile, ag innseadh dhuinn ; gu bheil an t aran agus ann fion, an diaidh an coisreagadh ag fantuinn mar bha iad roimhe.

C. *Agus ciod e a leanas air a so, ma dh' fheadas ar mothachibh ar mealladh do ghna ann 'sna nithe as soilleire ?*

F. Ni ro-olc ; oir dhearbh ar Slanui'-fhear a theagasg leis na miorbhuile a dh' óibreach è fa chomhair suile dhaoine: Uime sin, ma dh' fheadas mothachaibh dhaoine am mealladh ann sna cásaibh as soilleireadh, ata crich air gach uile mhiorbhuile, agus ata 'n dearbha mór so air sirinn a chreidimh Chriostuidh air a thoirt air falbh gu tur.

C. *Cionnas ata so a' cur an aghaidh' ar riosun ?*

F. Ata ar riosun ag innseadh dhuinn, nach fhe[illegible] an t aon chorp, a bhi ach san aon áit' san aon am

C. *Creud ata 'n scrioptur ag radh ma thiomchiol ?*

F. Gu bheil corp Chriosd ar neamh, far am bhe[illegible] è re " fantuin gu aimsirbh aisig na uile nithe," Gniomh. iii. 21. Ata Criosd é fein, an diaidh a choisreagadh,